



BEAIRTEAS

Seisean 2

Mòrag NicLeòid & Emma NicLeòid



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



Mòrag NicLeòid

Morag MacLeod



Rugadh Mòrag NicLeòid ann an Scalpaigh, na Hearadh ann an 1936. Chaidh i dhan àrd-sgoil an Inbhir Nis. Bhuannaich i M.A. ann an Oilthigh Dhùn Èideann, agus an uair sin ùghdarras teagaisg ann an àrd-sgoil gu ire deireadh an treas bliadhna, ann an Colaisde Chnoc Iòrdain. 'S ann an Glaschu a gheibhte ùghdarras Gàidhlig a theagasg aig an àm sin. Mar a thachair, cha do rinn i feum den cheum sin ann an sgoil sam bith, ged a chuir i seachad bliadhna a-rithist a' teagasg ann an Cnoc Iòrdain fhéin, agus bha i a' teagasg a' chànain ann an roinn na Ceiltis ann an Dùn Èideann.

Fhuair i obair o 1962 ann an Sgoil Eòlais na h-Alba, a' tar-sgrìobhadh fhaclan far clàir a chaidh a thogail o thòisich an Sgoil ann an 1951. Às dèidh bliadhna leis a sin bha cuideigin a dhìth airson ceòl òrain a thar-sgrìobhadh. Nam b' ann an-diugh a bhiodh ann, bhiodh gu leòr a dh'iarraidh an obair, ach aig an àm ud cha b' fhiach òrain o bheul-aithris na sgilean aig feadhainn a bha air ceuman a dheanamh ann an ceòl, oir 's e ceòl clasaigeach an aon rud a b' fhiach. Air sgàth na h-obrach sin, an ceangal ri faclan 's ri ceòl, bha i gu mòr an sàs anns an sgaoileadh de na gnothaichean anns an robh an Sgoil an sàs, iris Acadaimigeach, Scottish Studies, agus iris nas lugha, gun mòran sgoileireachd na lùib, Tocher. Chaidh sin air adhart anns an roinn gu soillseachadh chlàran airson an reic, Scottish Tradition, a rinneadh le Greentrax Recordings, agus 's i Mòrag a bhiodh a' cumail sùil air na clàran Gàidhlig.

Air chùl na h-obrach sin uile, bhiodh i a' teagasg Gàidhlig aig Sgoiltean Samhraidh ann an Sabhal Mòr Ostaig, aig toiseach-tòiseachaidh na Colaisde sin. Bha Sgoil Shamhraidh aig Oilthigh Dhùn Èideann cuideachd aig an àm sin, ann an àite air an robh Fìr bush aig taobh Loch Tatha, agus tè anns an oilthigh fhéin, far an robh Mòrag air ceann an luchd-teagaisg mar bu trice.

Bha i gu mòr an sàs ann an gnothaichean a' Mhòid aig a' Chomunn Ghàidhealach, gu h-àraidh ann an comataidh a' chiùil, agus bhathas ga h-iarraidh ioma bliadhna na brìtheamh aig mòdan ionadail agus aig a' Mhòd nàiseanta. Bha i deich bliadhna an sàs ann an Cuairt nam Fìli, far am biodh ceathrar à Alba a' dol a dh'Èirinn as t-Earrach a h-uile bliadhna, agus ceathrar Èireannach a' tadhal air àitichean ann an Alba as t-Fhoghar.

Nuair a leig i dhith a dreuchd thill i a dh'fhuireach an Scalpaigh ann an 2001.

Morag MacLeod was born in Scalpay, Harris, in 1936. She went to Inverness Royal Academy for her secondary education, gained an Ordinary Arts Degree in Edinburgh University, and a qualification to teach junior secondary in Jordanhill College of Education, with an endorsement for teaching Gaelic. As it happened she was never attached to any school after gaining that qualification, but she lectured for a year in Jordanhill itself.

In 1962 she was employed in the School of Scottish Studies, first as a texts transcriber and later as a music transcriber. The School was an archive of Gaelic and Scots tales, songs and other traditions, and Morag's verbal and melodic productions were used for colleagues' work, to a small extent towards the production of the academic journal, Scottish Studies and more so for Tocher, a more popular magazine of the School's archive material. She made a large contribution towards the production, especially on the Gaelic side, of what became the Scottish Tradition Series of LPs, cassettes and later CDs produced by Greentrax Recordings.

Outwith her formal employment Morag taught and supervised Gaelic Summer Schools, for Edinburgh University in Tayside and in the city, and for Sabhal Mòr Ostaig in Skye. For ten years she helped to organise exchange visits between Irish and Scottish poets and musicians sponsored by the Scottish Arts Council.

She has been very much involved with An Comunn Gàidhealach, especially on the Mod Music Committee, and has done a lot of adjudicating at local and National Mods. On retirement she moved to Scalpay in 2001.

Emma NicLeòid

Emma Macleod



Is ann à Eilean Scalpaigh na Hearadh a tha Emma NicLeòid, no Emma Scalpaigh mar a theireadh a' mhòr chuid rithe! Fhuair i togail an sin an toiseach agus thug i greis cuideachd anns an Eilean Sgitheanach far an deach i dhan bhun-sgoil mus do thill an teaghlach a Scalpaigh. Aon uair 's gun do dh'fhàg i an sgoil, rinn i air Dùn Èideann gus ceum a thoirt a-mach ann an teagasg bun-sgoile. Cha do chuir i crìoch air seo ach, na àite, fhuair i obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba mar Oifigear Poileasaidh na Gàidhlig.

Dh'àraich i 's i air a cuairteachadh le òrain Ghàidhlig, a' gabhail pàirt ann am mòdan agus cèilidhean fad a beatha, agus am bliadhna fhèin choisinn i Bonn Òr an t-Seann Nòis aig a' Mhòd Nàiseanta Rioghail ann an Inbhir Nis. Tha Emma cuideachd gu math cleachdte agus measail air a bhith a' seinn le còisirean, 's i an sàs le Còisir Alba aig Eurovision ann an 2019. Tha i cuideachd air seinn le Còisir Ghàidhlig Lodainn, Còisir Ghàidhlig Mhealbhaich, Còisir G agus còisir a th' air a h-ùr-stèidheachadh, Binneas. Tha ùidh mhòr aig Emma ann an òrain agus sgeulachdan an sgìre aice fhèin, agus tha i deònach iad seo a' sgoileadh fad is farsaing le duine sam bith a dh'èisteachas!

Às dèidh 6 bliadhna ann am prìomh-bhaile na dùthcha, shaoil Emma gun robh an t-àm ann tilleadh don eilean anns an do rugadh i airson a bhith ag obair agus a' fuireach ann. Tha i an-dràsta ag obair còmhla ri Com-pàirteachas Taigheadas Innse Gall mar Oifigear Leasachadh Dhaoine.

Emma Macleod hails from the small, yet beautiful, Isle of Scalpay. She was raised there and spent some time in the Isle of Skye, where she went to primary school, before the family returned to the Scalpay. Upon leaving school, she set off for Edinburgh to study primary teaching. She did not complete her degree but rather found work as a Gaelic Policy Officer with the Scottish Government.

Emma grew up surrounded by Gaelic song, taking part in mòds and cèilidhs her whole life, and this year she won the coveted Ladies' Traditional Gold Medal at the Royal National Mòd in Inverness. She is also no stranger to the Gaelic choir scene, performing as part of the Alba Eurovision Choir in 2019 as well as Lothian and Melvich Gaelic Choirs, High Life Highland's youth regional Gaelic choir Còisir G, and the newly formed Binneas. Emma takes a great interest in the songs and stories of her local area and enjoys sharing her knowledge with anyone who will listen!

After spending 6 years in the country's capital, Emma decided it was time to return to her native island to live and work permanently. She is currently working as a People Development Officer for the Hebridean Housing Project.